



Ceistean agus Freagairtean

Taobh-duilleig 110.

1. (a) Dè tha sònraichte mu structar a' pharagraf "Chuir Ailean suas a làmh"?

Tha am paragraf seo a' seasamh leis fhèin. Chan eil sa pharagraf ach aon sheantans agus tha an seantans sin goirid.

(b) Ciamaid a tha an structar sònraichte seo èifeachdach?

Tha e a' glacadh aire an leughadair. Tha an leughadair a' tuigsinn gu bheil iomagain air an tidsear gu bheil am blaireard, Ailean, air a làmh a chur suas. Anns an sgeulachd, thug seo air an tidsear stad oir chan eil fhios aige dè tha a' dol a thachairt às dèidh seo. Anns an aon dòigh, tha e a' toirt air an leughadair stad agus smaointinn dè dh'faodadh tachairt a-nis a chionn 's gu bheil Ailean a' dol a bhruidhinn a-mach sa chlas.

Taobh-duilleig 110

"Chaidh monmhòr thairis a' chlas mar ghaoith tron fheur air latha foghair."

2 (a) Dè an sgil-sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a' cleachdadadh an seo?

Samhla

(b) Dè cho èifeachdach 's a tha an sgil-sgrìobhaidh?

Tha e èifeachdach oir tha e a' toirt dealbh dhuinn air dè thachair sa chlas. Chòrd e gu mòr ris a' chloinn gun tuirt Ailean seo airson an tidsear a nàrachadh. Tha an samhla èifeachdach ann a bhith a' toirt air an leughadair tuigsinn gun robh gàireachdaich agus ùpraid a' sgaointeadh tron chlas gu luath ged nach robh duine sam bith acasan air a chùl.

Taobh-duilleig 110

- 3. Dè an abairt a tha a' sealltainn gun robh an tidsear air a nàrachadh leis na thuirt Ailean?**

“Dh’fhàs aghaidh geal agus an uair sin dearg.”

Taobh-duilleig 110

“Rinn Ailean gàire magail...”

- 4. Dè tha an abairt seo ag innse dhuinn mu nàdar Ailein?**

Tha e ag innse dhuinn gur e balach bragail a bha ann an Ailean agus gun robh e airson làmh-an-uachdair fhaighinn air an tidsear le bhith a' magadh air.

Taobh-duilleig 110

“meaban”

- 5. Sgrìobh facal eile a tha a' ciallachadh an aon rud ri “meaban”.**

Blaigeard/rasgal/peasan

Taobh-duilleig 111

“Cha deigheadh càil mar siud seachad air an rasgal ud.”

- 6. Dè tha thu a' tuigsinn bhon abairt seo?**

Tha e a' ciallachadh gur e fear a bh' ann an Ailean a bhiodh a' toirt an aire dhan a h-uile rud. Ann am beachd an tidseir, bha rudan mar seo a' còrdadh ris cho math 's nach dìochuimhnicheadh e idir e. Cuideachd, tha an tidsear den bheachd gun cumadh e grèim air an fhiosrachadh oir bha e airson gum faigheadh e mì-mhodh air choreigin às.

Taobh-duilleig 111

“E na sheasamh air beulaibh 2A agus ag òrdachadh gun sluigeadh an t-ùrlar e.
“Cuiribh na leabhraichean air falbh,” dh’òrdaich e.

- 7. (a) Ciamar a tha an tidsear a’ faireachdainn aig an dearbh àm seo?**

Chan eil iarraidh sam bith aige a bhith far a bheil e na sheasamh.

- (b) Dè an dòigh a tha e a’ cleachdadhbh gu bhith a’ cleith nam faireachdaineann aige?**

Tha e a’ toirt òrdugh don chlas na leabhraichean aca a chur air falbh – òrdugh àbhaisteach aig deireadh clas.

Taobh-duilleig 113

“Nuair a choimheadadh e ort leis na sùilean mòra a bha mar dà lòn anns a’ mhòintich...”

- 9. (a) Dè an sgil-sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a’ cleachdadhbh an seo?**

samhla

- (b) Dè cho èifeachdach ’s a tha an sgil-sgrìobhaidh seo?**

Tha e èifeachdach oir tha e a’ toirt dealbh dhuinn air coltas an neach-sgrùdaidh, agus an seòrsa duine a th’ ann. Tha dealbh againn air sùilean a tha domhainn agus caran diomhair. Chan fhaic sinn dè tha air cùl nan sùilean agus chan urrainn dhuinn na smuaintean aige a leughadh.

Taobh-duilleig 113/114

- 10. Dè tha a’ sealltainn gu bheil co-fhaireachadh aig an neach-sgrùdaidh ris an tidsear?**

Tha an neach-sgrùdaidh a’ sealltainn co-fhaireachadh ris an tidsear anns an dòigh anns a bheil e ag èisteachd ris nuair a tha e ag innse dha mun trioblaid a th’ aige le Ailean. Bha an neach-sgrùdaidh den bheachd gun robh an sgeulachd mu na fiaclan fuadain caran èibhinn agus chuir e a làmh air gàirdean an tidseir airson tuigse agus co-fhaireachdainn a shealltainn dha. Cuideachd, tha e ag ràdh ris an tidsear gun dragh a ghabhail mu Ailean agus gun dèilig esan ris.

Taobh-duilleig 115

11. Dè an dòigh a chleachd an neach-sgrùdaidh gus leasan mu mhodh a theagast do dh'Ailean?

Bhruidhinn an neach-sgrùdaidh ri Ailean mun dol-a-mach aige air leth bhon chlas, agus ged nach eil fhios againn na chaidh a ràdh, thathar a' tuigsinn gu bheil e air Ailean a cheannsachadh ann an dòigh shocair ach èifeachdach. Fhuair e eòlas gu leòr air Ailean airson leasan pearsanta a thoirt dha, a' cur na bha e air a ràdh ris an tidsear ri a shuidheachadh fhèin.

Taobh-duilleig 116

“Fhreagair Ailean gu h-iriosal.”

12. Aig deireadh na sgeulachd, dè tha a' sealltainn gu bheil Ailean air leasan ionnsachadh bhon neach-sgrùdaidh?

Tha Ailean a' tuigsinn gum bu chòir dha spèis a thoirt dhan tidsear aige agus mar sin tha e ga fhreagairt gu modhail agus gu h-umhail agus tha e duilich airson mar a ghiùlain e e fhèin sa chlas aige.

Taobh-duilleig 116.

“Cha chluinn, cha chluinn,” fhreagair Ailean gu h-iriosal.

12. Dè tha seo ag innse dhuinn mu dheidhinn mar a bha Ailean a' faireachdainn a-nis?

Bhruidhinn an neach-sgrùdaidh ri Ailean mun dol-a-mach aige, agus ged nach eil fhios againn dè thuirt e ris, tha sinn a' tuigsinn gun do cheannsaich e Ailean ann an dòigh a bha socair. Bha Ailean a' faireachdainn gun robh an neach-sgrùdaidh airidh air urram, agus mar sin tha e ga fhreagairt gu modhail agus gu h-umhail.